

Nàiseanta 5 Gàidhlig Èisteachd Loch Laomainn Earrann èisteachd mu Loch Laomainn.

Tha daoine air feadh an t-saoghail air cluinntinn mu Loch Laomainn ged nach fhaca iad riamh e. 'S cinnteach gu bheil mòran eòlach air an òran a chaidh a sgrìobhadh mu dheidhinn, gu h-àraidh on a tha an còmhlan Runrig air a chur air beulaibh an t-sluaigh ann am Breatainn agus ann an dùthchannan thar a' chuain. Chaidh an t-òran a sgrìobhadh le prìosanach a bha glaiste ann am prìosan Charlisle às dèidh Blàr Chùil Lodair. Bha fios aig a' phrìosanach nach fhaiceadh e an loch air an robh e cho measail, no Alba, gu bràth tuilleadh.

'S e Loch Laomainn an loch as motha ann am Breatainn, tha e trì mìle thar fhichead ann am faid agus mu chòig mìle ann an leud. Tha trithead sa seachd eilean air an loch agus is e ainmean Gàidhlig a tha orra uile, a' sealltainn gun robh Gàidhlig gu leòr san sgìr aig aon àm.

'S e àite air leth prìseil a th' ann an Loch Laomainn agus an dùthaich mun cuairt air. Air a bhruaichean tha measgachadh mòr de phlanntaisean agus lusan. Anns an locha fhèin tha fichead seòrsa èisg, barrachd air na gheibhear ann an loch eile ann am Breatainn.

Anns na linntean a dh'fhalbh bhiodh curaich nan Ceilteach a' seòladh gu mall thairis air an loch. An-diugh ge-tà, chithear air an loch sgitheadairean-uisge, surfairean-gaoithe agus bàtaichean beaga le einnseanan cumhachdach. Tha gearaichean tric gan togail is cuid ag ràdh gu bheil na daoine seo a' cur uisgeachan sèimh an locha troimh-chèile agus a' cur eagal am mionaich air gach beathach a tha a' còmhnaidh san loch agus air gach creutair san àrainneachd mun cuairt air.

'S ann air sàillibh thrioblaidean mar seo a tha buidhnean-dìon na h-àrainneachd a' putadh airson riaghailtean mu sheòladh bhàtaichean air an loch agus iad ag iarraidh casg a chuir air astar-siubhal gu h-àraidh. Tha iad a' feuchainn ri aire luchd-turais a thogail gus nach tèid tlachd na sgìre a mhillleadh. Tha na buidhnean seo a' feuchainn ri toirt air daoine ionnsachadh mu na dòighean anns am faodadh iad barrachd cùraim a ghabhail mun loch agus mu na tha mun cuairt air, ach gu seachd àraid a' glèidheadh stòras phrìseil airson na ginealaich ri teachd.